

Àireamhachd Sgrìobhainn Stiùiridh Stòras Ionnsachaidh Phroifeiseanta

Stiùireadh airson cleachdadh

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt seachad stiùireadh air ciamar a chleachdar na Stòrasan Ionnsachaidh Phroifeiseanta air Àireamhachd

Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail
Bloighean, Bloighean Deiceach agus Ceudadan
Ùine
Dàta agus Anailis
Beachdan Seansa agus Mì-chinnt

Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

Clàr-innse

Taobh-duilleig

03 | Ro-ràdh

04 | Àireamhachd

04 | Frèam-obrach Adhartas Nàiseanta ann an Àireamhachd agus Matamataig

05 | Ìre thràth – An co-theacsa airson ionnsachadh

06 | Prìomh stiùireadh agus sgrìobhainnean nàiseanta

Ro-ràdh

Chaidh an stòras ionnsachaidh phroifeasanta seo air àireamhachd a chruthachadh airson luchd-dreuchd* ann an sgoiltean, agus ionadan ionnsachaidh tràth agus cùram-chloinne a tha a' libhrigeadh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Faodar a chleachdadh le:

- luchd-dreuchd fa leth
- buidhnean luchd-obrach/roinnean
- làn sgoiltean, cruinneachaidhean sgoiltean, buidhnean leasachaidh ionadail agus coimhearsnachdan ionnsachaidh
- ùghdarrasan ionadail

Amasan

Tha an stòras ag amas air luchd-dreuchd a chuideachadh gus:

- meòrachadh air a' chleachdadh aca fhèin ann a bhith a' leasachadh agus a' brosnachadh àireamhachd
- beachdachadh air mar a ghabhas sgilean àireamhachd chloinne is dhaoine òga a leasachadh, gus taic a thoirt don ionnsachadh aca air feadh a' churraicealaim
- dealbhadh mar a leasaicheas iad an cleachdadh fhèin gus dèanamh cinnteach gum bi sgilean a' tighinn air adhart thar raon de bhun-bheachdan.

Cruth

Chaidh an stòras a roinn ann an còig sgrìobhainnean fa leth:

- Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail
- Bloighean, Bloighean Deiceach agus Ceudadan
- Ùine
- Dàta is Anailis
- Beachdan Turchairt agus Mì-chinnt

Susbaint

Anns gach fear de na sgrìobhainnean tha stiùireadh leantainneach airson gach ìre bhon ìre thràth gu ceathramh ìre. Tha na leanas anns gach ìre:

- Modhan ionnsachaidh is teagaisg èifeachdach
- Cùisean rim beachdachadh
- Ceanglaichean ri raointean curraicealaim eile
- Ceistean meòrachail

Tha an stòras ionnsachaidh phroifeasanta seo air a dhealbhadh gus taic a thoirt do mhisneachd nas fheàrr ann an ìrean taobh a-staigh ìrean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus airson eòlas agus tuigse mu ionnsachadh èifeachdach agus adhartas teagaisg a chur am meud. Tha an stòras seo ag amas air buaidh a thoirt air coileanadh àireamhachd le bhith a' toirt taic do sgoiltean agus ionadan gus an comas a thogail ann a bhith a' teagasg bhun-bheachdan àireamhachd agus sgilean co-cheangailte.

Às dèidh ath-bhreithneachadh air adhartas luchd-ionnsachaidh, barrachd meòrachaidh air èifeachdas teagaisg agus ionnsachaidh agus dol an sàs le fèin-mheasadh gus feumalachdan ionnsachaidh phroifeasanta a chomharrachadh, faodaidh luchd-dreuchd an stòras seo a chur gu feum gus taic agus neart a thoirt do raointean leasachaidh teagaisg.

Cho Cudromach 's a tha Àireamhachd

'Tha uallach air gach neach-teagaisg airson leasachadh àireamhachd a bhrosnachadh.

Le barrachd cuideim air àireamhachd airson a h-uile duine òg, feumaidh luchd-teagaisg a bhith a' dealbhadh gus sùil eile a thoirt air sgilean àireamhachd agus an daingneachadh tron sgoil.'

Togail a' Churraicealaim 1 - duilleag 20

Is e àireamhachd an comas cothrom fhaighinn air fiosrachadh agus beachdan matamataigeach, an cleachdadh, am mìneachadh agus an conaltradh, gus a bhith a' dol an sàs le agus a' riaghladh iarrtasan matamataigeach ann an diofar shuidheachaidhean nuair a ruigear inbheachd. Is e a bhith àireamhach a bhith a' cleachdadh matamataig le misneachd agus gu h-èifeachdach gus coinneachadh ri iarrtasan beatha làitheil. Tha àireamhachd cudromach do dhaoine fa leth gus ro-innleachdan smaoineachadh loidsigeach agus reusanachaidh a leasachadh nan obair làitheil. Feumaidh sinn àireamhachd gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan agus ciall a dhèanamh de dh'àireamhan, ùine, pàtrain agus cumaidhean airson ghnìomhan leithid còcaireachd, leughadh chuidhteasan agus stiùireadh, agus eadhon cluich spòrs.

Còmhla ri litearrachd agus slàinte is sunnd, tha àireamhachd aig cridhe a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais, a' dèanamh an-àirde an t-eòlas, na sgilean agus na buadhan a tha ag uidheamachadh cloinne is dhaoine òga airson ionnsachadh, beatha agus obair. Tha uallach air gach neach-teagaisg airson leasachadh àireamhachd a bhrosnachadh. Tha sgilean làidir ann an àireamhachd a' toirt bunait do chloinn is dhaoine òga gus soirbheachadh san sgoil, aig an obair agus ann am beatha làitheil; ag adhartachadh gu mòr tòrr chùisean leithid beatha shòisealta, foghlam agus comas-cosnaidh. Tha e deatamach gun tèid cothroman a thoirt seachad gus làn chomas nan sgoilearan a mheudachadh, a' leigeil leotha cur gu tarbhach don chomann-shòisealta.

Frèam-obrach Adhartas Nàiseanta ann an Àireamhachd agus Matamataig

Bidh gach sgrìobhainn anns an stòras ionnsachaidh phroifeasanta seo a' togail air an stiùireadh a tha air a thoirt seachad anns an [Frèam-obrach Adhartas Nàiseanta ann an Àireamhachd agus Matamataig](#). Chaidh am frèam-obrach seo a dheasachadh gus taic a thoirt do luchd-dreuchd ann a bhith a' leasachadh an tuigse air adhartas taobh a-staigh eòlasan agus builean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha e a' comharrachadh, taobh a-staigh gach eagraiche, na prìomh chlachan-mìle agus na blocaichean togail a bu chòir a bhith aig luchd-ionnsachaidh, mus gluais iad air adhart chun ath cheum den ionnsachadh. Cha bu chòir eagraichean àireamhachd agus matamataig a bhith air an teagasg leotha fhèin oir dh'fhaodadh gum bi feum air eòlas ann an aon eagraiche gus taic èifeachdach a thoirt do dh'adhartas ann an cuid eile.

Frèam-obrach Adhartais Àireamhachd Nàiseanta

TUAIMSE AGUS
CRUINNEACHADH

ÀIREAMH AGUS
PRÒISEASAN ÀIREAMHAN

BLOIGHEAN, BLOIGHEAN
DEICHEACH AGUS
CEUDADAN

AIRGEAD

UAIR

TOMHAS

DÀTA AGUS ANAILIS

BEACHDAN TURCHAIRT
AGUS MÌ-CHINNT

Frèam-obrach Adhartais Matamataig Nàiseanta

ABAIRTEAN AGUS
CO-AONTARAN

CEÀRNAN,
CO-CHOTHROMACHD AGUS
CRUTH-ATHARRACHADH

IOMADAN, FACTARAN
AGUS PRÌOMHAN

PÀTRAIN AGUS
DÀIMHEAN

CUMHACHDAN AGUS
FREUMHAN

FEARTAN CHUMAIDHEAN
2D AGUS NITHEAN 3D

MATAMATAIG – A BHUAIDH
AIR AN T-SAOGHAL AN-
DÈ, AN-DIUGH AGUS
SAN ÀM RI TEACHD

Ìre Thràth – An Co-theacsa airson Ionnsachadh

Airson luchd-dreuchd ìre thràth bu chòir an stòras seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh cleachdaidh nàiseanta: [A' coileanadh a' chomais: Mi fhìn](#) a tha a' nochdadh a' cho-theacs shònraichte airson ionnsachadh taobh a-staigh ìrean tràtha ionnsachaidh.

Mar a chithear san sgrìobhainn, tha e cudromach gum bi luchd-dreuchd a' beachdachadh air mar a tha àireamhachd freumhaichte anns gach raon taobh a-staigh an t-seòmair-chluiche no an seòmair-sgoile.

'Tha litearrachd, àireamhachd agus smaoineachadh matamataigeach uile fìchte a-steach ann am brìgh gach còmhraidh, eadar-obrachadh agus eòlas. Tha iad anns a h-uile h-àite san àrainneachd. Tha iad nam pàirt de bheatha làitheil pàiste agus tha iad bunaiteach do gach ionnsachadh eile.'

A' coileanadh a' chomais: Mi fhìn Td70

Gus taic a thoirt do dhealbhadh airson ionnsachadh èifeachdach agus gu dèanamh cinnteach à taic agus dùbhlann iomchaidh do luchd-ionnsachaidh a tha ag obair aig ìre thràth, tha e riatanach gun tèid beachdan-sùla agus mìneachadh air **gnìomhan**, **faireachdainnean** agus **faclean** a shireadh gu gnìomhach agus an cleachdadh gu ciallach. Aig amannan ionnsachaidh thathar a' brosnachadh luchd-dreuchd beachdachadh air:

- Ciamar a ghabhas eòlasan a leasachadh gus cothroman ionnsachaidh a dhoimhneachadh?
- Dè bu chòir atharrachadh gus ionnsachadh agus leasachadh ùr a bhrosnachadh?

Gus dèanamh cinnteach à co-theacsan iomchaidh airson àireamhachd agus matamataig ionnsachadh aig ìre thràth, tha e cudromach gum bi luchd-dreuchd a' libhrigeadh measgachadh de dh'eòlasan ionnsachaidh a tha air an tòiseachadh le clann agus air an stiùireadh le inbhich mar thoradh air dealbhadh a tha ciallach agus a dh'aona-ghnothach. Tha

an stòras ionnsachaidh phroifeasanta seo ag amas air farsaingeachd ionnsachadh ìre thràth a nochdadh taobh a-staigh àireamhachd agus matamataig. Tha e a' nochdadh an fheum air dèanamh cinnteach gum bithear a' dol an sàs gu h-èifeachdach le eòlasan is builean tràtha gus dèanamh cinnteach gum bi an ìre air a libhrigeadh gu tur taobh a-staigh agus thar ionadan ionnsachadh tràth agus sgoiltean. Bidh cothroman do luchd-dreuchd a dhol an sàs ann an modaratadh agus ionnsachadh proifeasanta co-obrachail thar roinnean a' toirt taic do leantainneachd aig àm gluasaid.

Taobh a-staigh na h-ìre thràth, bu chòir cuideam a chur air oide-eòlas cluiche stèidhichte air clann gus dèanamh cinnteach à leantainneachd ann an eòlasan curraicealaim na cloinne, buntainneachd eòlasan agus cothroman do chloinn a bhith nan stiùirichean gnìomhach air an ionnsachadh fhèin. Tha e cudromach cuimhneachadh ge-tà gur e adhbhar an stòrais seo taic a thoirt do leasachadh fios, sgil agus tuigse luchd-dreuchd mu na h-eòlasan agus na builean aig ìre thràth, gus na cothroman as fheàrr fhaighinn airson ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd a phlanadh agus a libhrigeadh. Nuair a thathar a' meòrachadh air an stòras seo agus a' dol an sàs leis na prìomh theachdaireachdan taobh a-staigh stiùireadh cleachdaidh nàiseanta [A' coileanadh a' chomais: Mi fhìn](#) bu chòir do luchd-dreuchd beachdachadh air mar as urrainn dhaibh ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh gu h-èifeachdach, tro mheasgachadh de dh'eòlasan a thòisicheas clann agus a stiùireas inbhich, a bheir taic do leasachadh àireamhachd.

Prìomh stiùireadh agus sgrìobhainnean nàiseanta

Eòlasan agus Builean – Is e a th' ann an Eòlas is Builean (ris an canar Es agus Os) seata de dh'aithrisean soilleir, pongail mu ionnsachadh agus adhartas cloinne anns gach raon den churraicealam. Tha iad air an cleachdadh gus cuideachadh le bhith a' dealbhadh ionnsachadh agus gus adhartas a mheasadh. Tha an stòras ionnsachaidh phroifeasanta seo gu mòr ag amas air Eòlasan agus Builean àireamhachd air a bheilear a' toirt iomradh a' cleachdadh a' chòd MNU. Ach, ann an cuid de shuidheachaidhean tha an t-ionnsachadh eadar-cheangailte taobh a-staigh àireamhachd agus matamataig air leantainn gu iomradh air cuid de dh'Eòlasan agus Builean mhatamataig a' cleachdadh a' chòd MTH.

Slatan-tomhais – Chaidh na slatan-tomhais Curraicealaim airson Sàr-mhathais a chruthachadh gus am bi soilleireachd ann mu na h-ìrean nàiseanta ris a bheil dùil taobh a-staigh gach raon curraicealaim aig gach ìre. 'S e an t-amas aca gum bi e soilleir dè an t-eòlas a bu chòir a bhith aig luchd-ionnsachaidh agus dè bu chòir dhaibh a bhith comasach air dèanamh gus adhartas a dhèanamh tro na h-ìrean. Tha na slatan-tomhais ag amas air taic a thoirt do chunbhalachd ann am breithneachaidhean proifeasanta luchd-teagaisg agus luchd-dreuchd eile mu choileanadh ìre. Tha iad a' stèidheachadh sreathan adhartais soilleir ann an àireamhachd agus matamataig.

Prionnsabalan agus cleachdadh – Tha na sgrìobhainnean air prionnsabalan agus cleachdadh riatanach do luchd-dreuchd nuair a bhios iad a' tòiseachadh, agus an uair sin a' leasachadh, an obrach leis na h-aithrisean air eòlasan agus builean. Tha gach sgrìobhainn a' mìneachadh adhbharan ionnsachaidh taobh a-staigh raon sònraichte den churraicealam, a' toirt cunntas air mar a tha na h-eòlasan air an eagrachadh, agus a' toirt stiùireadh seachad air roinnean leithid ionnsachadh is teagasg, feartan farsaing measaidh, adhartas agus ceanglaichean ri raointean eile den churraicealam.

A' dèanamh Alba na nàisean a tha misneachail mu mhatamataig: aithisg dheireannach na buidhne Making Maths Count – Is e iomairt Riaghaltas na h-Alba a th' ann am Making Maths

Count. Rinn a' Bhuidheann Aithris Nàiseanta Making Maths Count prògram farsaing de dh'obair conaltraidh gus tuigse fhaighinn air na factaran a tha a' toirt air daoine a bhith a' cur sìos air matamataig. Tha an aithisg seo a' cuimseachadh air trì prìomh raointean agus mar as urrainnear dèiligeadh riutha:

- Atharrachadh beachdan a' phobaill air matamataig.
- Adhartachadh misneachd agus fileantas ann am matamataig do chloinn, daoine òga, pàrantan agus a h-uile duine a bheir seachad foghlam matamataig gus coileanadh agus buileachadh a thogail thar ionnsachadh.
- Brosnachadh luach matamataig mar sgil riatanach airson gach dreuchd.

Gus dèiligeadh ris na prìomh raointean sin, tha an aithisg a' dèanamh 10 molaidhean gus Alba a thionndadh gu bhith na dùthaich mhisneachail a thaobh matamataig.

PLC Àireamhachd agus Matamataig – PLC Àireamhachd agus Matamataig – Tha a' choimhearsnachd ionnsachaidh phroifeasanta dhidseatach seo a' toirt cothrom air stòrasan airson ionnsachadh, teagasg agus measadh ann an àireamhachd agus matamataig. Tha an làrach cuideachd a' tabhann beairteas de dh'ionnsachadh phroifeasanta airson raon farsaing de nithean co-cheangailte ri àireamhachd agus matamataig.

Àireamhachd Thar Ionnsachadh – Tha an stòras ionnsachaidh phroifeasanta seo a' toirt taic do luchd-obrach gus eòlas agus tuigse a leasachadh mu adhartas agus inbhean ann an àireamhachd thar a' churraicealaim.

Àireamhachd ann an Eòlas Sòisealta – Eisimpleirean de cho-theacsan airson ionnsachadh thar Eòlas Sòisealta gus sgilean àireamhachd a leasachadh. Tha Eòlas Sòisealta a' tabhann cothrom beairteach gus àireamhachd a chur ann an co-theacsa a thuigeas clann is daoine òga. Thar an raoin de chuspairean Eòlas Sòisealta tha mòran chothroman ann gus leigeil le luchd-ionnsachaidh na sgilean àireamhachd aca a leasachadh, agus aig an aon àm tlachd fhaighinn às na cothroman ionnsachaidh inntinneach a tha na co-theacsan sin a' toirt seachad.

Ionad Modarataidh – Tha an t-ionad didseatach seo na àrainneachd ionnsachaidh bhrìgheil gus taic a thoirt do ionnsachadh phroifeasanta fad-beatha anns gach pàirt den chearcall mhodarataidh. Faodaidh an stòras seo taic a thoirt do dh'fhèin-mheasadh ann an dòighean ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Pasgan Innealan gus Taic a thoirt do Dyslexia – Bu chòir beachdachadh air buaidh dyslexia mar bhacadh air ionnsachadh taobh a-staigh àireamhachd. Faodaidh luchd-ionnsachaidh le dyslexia diofar ìrean de dhuilgheadasan co-cheangailte fhulang leithid droch chuimhne obrach gheàrr-ùine, agus duilgheadas le cur ann an òrdugh, stiùireadh agus sgilean àireimh. Tha e cudromach beachd a ghabhail orra. Gheibhear tuilleadh stiùiridh anns a' phasgan innealan seo.

Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirce Gnìomhachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44(0)131 244 4330

E enquiries@education.scot.nhs.uk

www.education.gov.scot